



## Tìotal: Nad phàrant/neach-cùraim

### Pàirt 2: Nan robh mise nam phàrant/neach-cùraim

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
'S urrainn dhomh innse mun dleastanas a tha aig pàrant/neach-cùraim agus na sgilean, dìlseachd agus feartan nàdair air a bheil an dleastanas seo a' cur feum HWB 2-51a	Comasach air bruidhinn mu na feartan a tha a dhìth airson a bhith nad phàrant/neach-cùraim, mar eisimpleir dealas, gaol, foighidinn agus àbhachdas.

#### Amasan Ionnsachaidh

- Tha fios agam gu bheil gach teaghlach eadar-dhealaichte.
- Gum bi clann a' tuigsinn uallach agus feartan phàrant/neach-cùraim.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios pàrant/neach-cùraim a' dèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste fallain, toilichte agus sàbhailte.
- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air an iomadachd a chì sinn ann am beatha teaghlaich.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air cuid de na dùbhlain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air mar a dh'iarainn a bhith mar phàrant/neach-cùraim.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Deagh phàipear ealain agus creidheanan/peansailean/pinn

## Obair

1. A' leantainn air an t-seisein mu dheireadh, cuir an cuimhne/faighnich dhan chloinn mu na còmhraidhean aca mu bhith nam pàrant/neach-cùraim – meòraichibh air na postairean *Inbhich chòir* a rinn iad agus a chlàr gach rud a nì pàrantan agus luchd-cùraim gu bhith cinnteach gum bi am pàiste fallain, toilichte agus sàbhailte.
2. **Dè dh'fhaodadh a bhith doirbh mu bhith nad phàrant no nad neach-cùraim nuair a tha do phàiste ...:** Inns gu bheil sinn mar-thà air smaoineachadh air na rudan a bu chòir do dh'inbhich a dhèanamh, ach bhiodh e feumail cuideachd smaoineachadh air cho doirbh 's a dh'fhaodadh e bhith dha ur pàrant no neach-cùraim ('s dòcha gu bheil sibh air coimhead air an seo mar-thà). Cleachd na slaighdean de chlann aig diofar aoisean. Tòisich leis a' bhèibidh agus faighnich: Dè dh'fhaodadh a bhith doirbh mu bhith nad phàrant no nad neach-cùraim nuair a tha do phàiste... na bhèibidh? An uair sin obraich tro na h-aoisean. 'S dòcha gun còrdadh e ris a' chloinn obrachadh còmhla ri caraid rin taobh, an uair sin fios a thoirt air ais. Nam biodh e feumail eisimpleirean a chleachdadh, dh'fhaodadh sibh obrachadh mar bhuidheann air a' chiad slaighd, agus dh'fhaodadh tu beachdan a thoirt seachad, me: 'S dòcha gum biodh e doirbh nuair a bhiodh do phàiste tinn... 'S dòcha gum biodh e doirbh nuair a bhiodh do phàiste a' rànaich...
3. Èist ris na freagairtean, gabh ris gur e obair chruaidh a th' ann a bhith nad phàrant no neach-cùraim. Airson feadhainn de na dùbhlain smaoinich air/faighnich dhan chloinn mu *rudan a chuidicheadh agus càit am faigheadh pàrantan cuideachadh agus taic*, mar eisimpleir (ma tha brosnachadh a dhìth) bho bhuill eile dhen teaghlach, bho oifigear-slàinte, bho charaidean, agus gu bheil seirbheisean taic air-loidhne ann do phàrantan cuideachd.
4. **Dè dh'fhaodadh a bhith spòrsail no mìorbhaileach mu bhith nad phàrant no nad neach-cùraim?** Air an taobh eile iarr air a' chloinn smaoineachadh air gach rud a tha iad a' saoilinn (no bhon eòlas san teaghlach aca fhèin) a bhiodh math no deimhinneach mu bhith nam pàrant. Iarr air a' chloinn meòrachadh air gach diofar aois còmhla ri caraid agus an uair sin fios a thoirt air ais dhan bhuidheann.
5. **A' smaoineachadh ormsa mar phàrant/neach-cùraim:** Faighnich dhan chloinn: *Am bi sibh uair sam bith a' smaoineachadh air cò ris a bhiodh e coltach a bhith nur n-inbheach agus a' coimhead às dèidh chloinne.* Brosnaich còmhraidh, an uair sin can gum faod iad a bhith nam mamaidh, dadaidh, neach-cùraim no antaidh no uncail a tha a' toirt taic do agus a' gabhail cùram a' phàiste. Mìnich gu bheil aca ri cur an ìre gu bheil iad nan inbheach, tha aca ri dealbh a dhèanamh dhiubh fhèin, agus na ceistean a th' air an t-slaighd a chleachdadh airson an dealbh a dhèanamh mu bhith nam pàrant no nan neach-cùraim. Iarr air a' chloinn dealbhan agus faclan a chleachdadh. Seall an slaighd agus rach thairis air mus tòisich iad.

### Mise mar phàrant no neach-cùraim

- Ciamar a nì mi cinnteach gu bheil mo phàiste fallain?
  - Ciamar a nì mi cinnteach gu bheil mo phàiste toilichte?
  - Ciamar a nì mi cinnteach gu bheil mo phàiste sàbhailte?
6. Cruinnich a' chlann air ais còmhla agus thoir dhaibh cothrom fios a thoirt air ais agus tuilleadh mìneachaidh iarraidh ma tha sin a dhìth – 's dòcha gum faod gach pàiste aon rud a thogail bhon dealbh aca a tha ag innse mar a chuidicheadh iad am pàiste gu bhith fallain, toilichte no sàbhailte. Dèan taisbeanadh dhen seo còmhla ris a' phostair a rinn iad na bu tràithe.

**Ceangal ris an dachaigh:**

Tha teacsa an cois **Dè am fios a dh'fheumas pàrant/neach-cùraim?**

**Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:**

- Dè am fios a dh'fheumas pàrant/neach-cùraim?

**Nòtaichean Tidseir**

